

faileas

Fèisean nan Gàidheal's Newsletter • Iris 31 • An t-Ògmhios 09 • June 09

NEW SUPPORT FOR FÈIS SPÈ



Fèis Spè has announced a major three year funding package with Cairngorms Leader and the Cairngorms National Park Authority. They are now awaiting the outcome of other grant bids for match funding, but are hopeful that the confirmed support of their main partners will unlock the additional money.

The plans include an extension of activities throughout the Cairngorms National Park area, with a full time Development / Support Officer, brand new Musician in Residence post and the continuation and expansion of a number of on-going projects.

They have established contacts on the eastern side of the Cairngorms and will be working closely with groups and individuals there to raise awareness of the language and traditions of the area and offer new opportunities for community involvement in Fèis activities.

The project allows for volunteer development and training, with Gaelic language, outdoor activities and arts featuring alongside musical events. If all goes to plan the big new project will take-off from August 2009.

AGM & CONFERENCE 2009

Thèid Coinneamh Bhliadhna agus Co-labhairt Fèisean nan Gàidheal a cumail ann an Steòrnabhagh am-bliadhna ann an Taigh-òsta Chaladh. Cruinnichidh muinntir nam Fèisean airson sùil a thoirt air a' bhliadhna a dh'fhalbh. Bidh ceòl agus òrain bho òigridh Fèisean nan Eilean Siar agus dinnear le dannsa às a dèidh. Thèid a h-uile càil a chumail Dihaoine 25 agus Disathairne 26 An t-Sultain agus thathar an dùil gum bi sluagh gu math mòr an làthair bho Fhèisean air feadh na dùthcha.

Fèisean nan Gàidheal's AGM will be held in the Caladh Inn, Stornoway, Isle of Lewis on Friday 25 September 2009. It is expected that many representatives from all the Fèisean across Scotland will be in attendance. There will be a Cèilidh following the dinner, which will feature young people from the Western Isles Fèisean. The Conference will take place on Saturday 26 September, with the usual mix of presentations and workshops.

Their highly successful Cairngorms Ceilidh trail is gearing up for its third year, with a band of 8 young musicians preparing to take their music to audiences around the Park in July. The Fèis are grateful to the National Park Authority for vital funding enabling this year's Trail to take place. Two members of the band have taken part in local Fèis Spè Ceilidh band training and performances for the past 6 years and it is particularly pleasing to see them reach the stage of joining the touring band this year.

The Fèis is also reaching the end of a short project in Badenoch and Strathspey, offering tuition specifically for secondary age pupils and have had a number of successful days covering piping, vocal techniques, groupwork, keyboard and guitar with highly respected tutors. The Fèis hope that the new Musician in Residence will be able to build on the experiences of this project and extend it to cover a wider area.

For further information about any Fèis Spè activities, contact them on:

feisspe@feisean.org or phone 01540 661007

Ann an iris seo:

Fèis Spè	1
Ceannard Ùr aig Fèis Rois	1
Fèis Air an Oir	2
Fèis Dràma Sgoiltean Gàidhlig Earra-Ghàidheil	2
Fèis Cheann Loch Goibhle	3
Freumhan	3
Sgoil Shamhraidh Dhràma	3
Sgioba-G	4
Luchd-obrach FNG a' sreap Beinn Nibheis	4



CEANNARD ÙR AIG FÈIS ROIS

Chur Fèis Rois fàilte chridheil bho chionn ghreis air Fiona Dalgetty mar Cheannard ùr na buidhne. 'S ann à Taobh Sear Rois a tha Fiona bho thùs agus tha i air a bhith an sàs ann an diofar dhòighean le Fèis Rois thairis air na bliadhnaichean. Mus tàinig i gu tuath a-rithist, bha Fiona ag obair ann an Dùn Èideann mar cho-òrdanaiche cultarail aig Baile Dhùn Èideann agus mar oifigear leasachaidh airson an Youth Gaithearin. A bharrachd air seo, 's e comhairliche do Chomhairle Ealain na h-Alba a th' innte agus tha i na ball de bhuidheann nan ealain traidiseanta aig Ministear a' Chultair.


Thuir Fiona, "S e urram dha-rìribh a th' ann dhòmhsa a bhith ag obair le tè de na buidhnean as cudromaiche ann an ceòl traidiseanta san latha an-diugh. Dhòmhsa, 's e an obair as fheàrr san t-saoghal a th'ann agus tha mi air mo dhòigh a bhith mar phàirt de sgeulachd Fèis Rois san àm ri teachd."



FÈIS AIR AN OIR

Tha Fèis air an Oir air leabhnan ùr fhoillseachadh làn sgeulachdan, òrain agus chuimhneachain bho Dhùthaich MhicAoidh mar phàirt de Phròiseact an Tasglann. Tha an Fhèis air a bhith a' gabhail pàirt sa phròiseact bho thoisich 2008 agus tha an leabhnan mar thoradh de dh'agallamhan a chaidh a chumail eadar com-pàirtichean na Fèise agus muinntir na sgìre.

Fèis air an Oir has published a new booklet of stories, songs and memories of Mackay Country as part of the Fèisean nan Gàidheal Archiving Project. The Fèis have been taking part in the project since the beginning of 2008 and the booklet is the outcome of a series of interviews held between Fèis participants and local people. The booklet is available from Emily Edwards in our Inverness office on 01463 225559 or emily@feisean.org.



ÒIGRIDH NAM FÈISEAN A' DÈANAMH AIR PRÌOMH FHÈIS NAN EILEAN SIAR

Bidh còrr is 30 luchd-ciùil òga a' tighinn còmhla aig Fèis Cheilteach Innse Ghall am-bliadhna airson pàirt a ghabhail ann an taisbeanadh eadar-Fèise. The Fèis Eilean an Fhraoich air 'Ar Dachaigh' a chruthachadh an co-bhonn ri Sgioba na Fèise le taic bho na Fèisean eile san Innse Ghall.

Airson 'Ar Dachaigh' a thoirt gu buil chaidh iarraidh air òigridh air feadh nan Eilean Siar còmhlain thraidiseanta a stèidheachadh agus òran a thaghadh aig a bheil ceangal ris an àite agus ri cuspair na cuirme – An Tilleadh, a bhios air an gabhail aig a' chuirme.

San ath cheum thèid am fear-ciùil Leòdhasach, Norrie MacIomhair, a tha na Stiuiriche-ciùil air a' phròiseact, air chuairt timcheall nan Eilean san Ògmhios airson coinneachadh ri na com-pàirtichean, sùil a chumail air an adhartas agus cuideachadh sam bith a thoirt dhaibh.

Tha Fèis Eilean an Fhraoich air bhioran gu bheil Calum Dòmhnallach (Runrig) agus a mhac Domhnall air òran ùr Gàidhlig a sgrìobhadh mar thiodhlac a bhios air a ghabhail aig deireadh a' chonsairt leis a h-uile duine a tha an sàs sa phròiseact. Thèid iomadh bùth-obrach a chur air dòigh far am faighear cothrom ullachadh airson a' chonsairt agus coinneachadh ri sàr luchd-ciùil a tha gu bhith a' cluich rè na Fèise air a' phrìomh àrd-ùrlar.

Thèid 'Ar Dachaigh' a chumail anns An Lanntair, Steòrnabhagh air Disathairne 18 Iuchar aig 3f. Faodar tiogaidean a cheannach air làrach-lìn Fèis Cheilteach Innse Ghall aig www.hebceltfest.com/booking neo air a' fòn air 01851 702333.

FÈIS DRÀMA SGOILTEAN GÀIDHLIG EARRA-GHÀIDHEIL



Appin An Tractar

Airson a' chiad uair bhon a chaidh a stèidheachadh ceithir bliadhna air ais, chaidh Fèis Dràma Sgoiltean Gàidhlig Earra-Ghàidheil a cumail tron latha aig Talla a' Chorrain san Òban. Bha sia dealbhan-cluiche ann uile gu lèir bho sgoiltean cho fada tuath ri Malaig agus cho fada deas ri Dun Omhain.

Chaidh duais airson na stèidse a b' fheàrr a thoirt do Mhalaig (an fheadhainn a bu shine). Bha na h-uiread de chnagain In Bru aca nach eil rian nach do dh'èirich prothaidean Barrs air a' mhios seo chaidh!

Chaidh an duais airson deagh sgeadachadh gu clas Gàidhlig Bun-sgoil Sandbank aig an robh an fheòrag a b' fheàrr a chaidh fhacinn air àrd-ùrlar a-riamh!

Chaidh an duais mu dheireadh airson comadaidh gu clas Gàidhlig Bun-sgoil Srath na h-Apaine. Abair spòrs le tractor, Dolly Parton agus caractaran èibhinn eile a chòrd cho math ris an luchd-èisteachd.

Bha a' chlànn, na tidsearan agus an luchd-èisteachd uile den bheachd gur i seo an fhèis dràma a b' fheàrr a bh' aca riamh.



Sandbank's Hansal & Grealat

FÈIS NA H-ÒIGE

Fèis na h-Òige recently took delivery of two new clàrsaich from Starfish. They received a grant of £4,000 through Bòrd na Gaidhlig and are planning to run a series of workshops using former fèis participants, Kirsty Fowler and possibly Mairi Keir, as tutors.

Both Kirsty and Mairi started learning clàrsach through Fèis na h-Òige about 10 years ago, when Judith Peacock used to go to Inverness from Glasgow once or twice a month to teach.

FÈIS A' BHAILE AGUS FÈIS NA H-ÒIGE A' TOGAIL AIRGID

Tha spòrs gu leòr air a bhith aig Fèis na h-Òige agus Fèis a' Bhaile bho chionn ghoirid nuair a thàinig iad còmhla airson airgead a thogail. Bha dà dhannsa uabhasach beòthail aca còmhla ris na còmhlain-ciùil 'Monach Isle' agus 'Meantime'. Fhuair òigridh nam fèisean an cothrom port neo dhà a chluich 's iad air a bhith trang ag ullachadh airson Blas.

Gu tric, cluinnidh sinn an abairt 'a' caitheamh d' airgid'. Bha e gu math fìor an seo. Bha duine mu seach a' caitheamh notaichean air a' bhotal – thog seo £75 leis fhèin.

Chaidh còrr 's mìle not a thogail nuair a bha clann a' pacadh bhagaichean ann an Tesco.

CARNEGIE AWARD WINNER

Lochgoilhead Fiddle Workshop and their Gaelic arm Fèis Cheann Loch Goibhle have won an Award from the Carnegie UK Trust for championing the preservation of local heritage in Argyll. The workshop is one of five 'Rural Sparks' to be recognised by the Trust for extraordinary work within rural communities in the UK and Eire, and was selected from all the Scottish groups. The Rural Sparks awards recognise innovative projects that have most improved the lives of large numbers of people in rural areas.

At the Awards ceremony held in Cornwall Kate Braithwaite, Carnegie's Rural Director, commented 'Lochgoilhead Fiddle Workshop has had a profound effect on the community, by encouraging the whole community to preserve their musical culture. The volunteer team have shown an enterprising spirit by branching out to other parts of Argyll, making top quality music and music tuition accessible to many other communities.'



FÈIS CHEANN LOCH GOIBHLE

34 children attended Fèis Cheann Loch Goibhle's annual residential fèis at the Scout Centre in Lochgoilhead on the weekend of the 7th March.

In among making Gaelic speaking potato heads, they also sampled a variety of instruments and had great fun climbing Jacob's Ladder and canoeing on Lochgoil. Though it rained the whole weekend, this did not dampen their spirits and the event ended on a high with an impromptu cèilidh to a packed audience in the local village hall.

FREUMHAN

'S e seachdain air leth soirbheachail a bh' ann an Ceann Loch Goibhle, Earra-Ghàidheal aig toiseach a' Ghiblein, far an do chruinnich deugairean bho air feadh Alba airson Freumhan. 'S e Fèis ùr a tha seo, le measgachadh de chlasaichean ciùil agus tachartasan a-muigh do dheugairean a th' anns na bliadhnaichean 1-4 san àrd sgoil aig a bheil Gàidhlig. Bha 15 an làthair uile gu lèir le teagasg bho Aonghas MacCoinnich, Fiona NicAsgaill agus Raonaid Walker.

Thuir Nicola Marshall, Oifigear Leasachaidh Fèisean nan Gàidheal, "'S e seo a' chiad turas a-riamh a thachair càil mar seo tro mheadhan nan Gàidhlig, agus 's e sgioba leasachaidh Fèisean nan Gàidheal a bha ga chur air dòigh. Ged nach robh an t-side cho math, chòrd an t-seachdain ris na com-pàirtichean. Bha bùthan-obrach còmhlain ann a h-uile madainn, le tachartasan a-muigh a h-uile feasgar agus bùthan-obrach eile leithid dràma is cleachdadh PA air an oidhche.

SGOIL SHAMHRAIDH DHRÀMA

Feuch a-nise gun cuir sibh crois mhòr sna leabhraichean-làimhe agaibh mu choinneamh 7.30f, Diardaoin 16 Iuchar. Tha sinn gu mòr an dòchas gun tig sibh gu oidhche taisbeanaidh na Sgoile Shamhraidh Dràma a thèid a chumail ann an Àrd-sgoil Phort Rìgh. Bidh cothrom agaibh faicinn cuid de na rudan air an robh compàirtichean na Sgoile ag obair, agus tha fhios gur e oidhche air leth a bhios ann.

Tha mu 20 compàirtiche gu bhith aig an Sgoil am-bliadhna agus iad ag ionnsachadh a h-uile sgil a bhuineas do dhràma. Tha a h-uile càil am-bliadhna gu bhith fo stiùir Artair Donald, le taic bho ghrunn math de chleasaichean agus luchd-teagasg eile, nam measg Catriona Lexy Chaimbeul, Ruairidh Nicolson, Wilma NicUalraig, Tim Licata, Ali Ros agus Daibhidh Màrtainn.

Tha tiocaidean a' cosg £8 agus £5 airson inbhich, agus gheibh clann-sgoile a-staigh an asgaidh ma tha iad còmhla ri inbheach. Gheibhear tiocaidean bho Fhèisean nan Gàidheal air 01478 613355.

Make sure you mark Thursday 16 July in your diaries – we hope that we'll be seeing you at the Sgoil Shamhraidh Dhràma performance evening in Portree High School. There will be around 20 participants at the Sgoil this year, and they will be learning about everything connected to drama. Tickets for the evening cost £8 and £5, with children getting in free if accompanied by an adult, and can be purchased from Fèisean nan Gàidheal on 01478 613355.

'S e an rud as fheàrr mu dheidhinn, gun robh cothrom aig deugairean aig a bheil Gàidhlig agus comasan ciùil a bhith còmhla fad na seachdain ann an àrainneachd oideachail agus spòrsail. Tha sinn an dòchas gun cuir sinn Freumhan air dòigh an ath-bhliadhna air sgàth 's cho soirbheachail 's a bha e am-bliadhna. Ma tha ùidh aig duine sam bith ann a bhith aig Freumhan an ath-bhliadhna, leig fios thugam air nicola@feisean.org."

Fhuair am pròiseact seo taic bho Sgeama Leasachaidh nam Fèisean a tha air a mhaoineachadh le Comhairle Ealain na h-Alba, Iomairt na Gàidhealtachd, Comhairle na Gàidhealtachd agus Bòrd na Gàidhlig.



CREATIVE SCOTLAND A STEP CLOSER

Tha còmhraidhean air a bhith a' dol air adhart airson greis mhath gus Comhairle Ealain na h-Alba agus Sgrion na h-Alba a thoirt còmhla ann am buidheann ùr, Alba Cruthachail. Tha gnòthaichean air ceum air adhart a ghabhail a-nise le aonta ùr eadar buidhnean poblach a dh'fhaodadh taic a thoirt dha na gnìomhachasan cruthachail ann an Alba, agus le bile air beulaibh na pàrlamaid airson na buidhne a' stèidheachadh.

The Scottish Arts Council is due to merge with Scottish Screen and into a new organisation called Creative Scotland. This has been talked about for some time but things have taken a step closer with the introduction to the Scottish Parliament of the Public Services Reform (Scotland) Bill and key public bodies having announced they have signed up to an agreement on how they will support the creative industries, a key sector of the Scottish economy.

The remit of Creative Scotland will be to:

- encourage and sustain artists and creators of all kinds;
- ensure that their work is accessible to all;
- ensure that as many people as possible can participate in creative activities; and
- extend and increase the wider benefits of arts and culture, including their contribution to the promotion and development of our unique national culture and its wider place in the international sphere.

Scotland's Creative Industries Partnership brings together COSLA, Creative Scotland, Highlands & Islands Enterprise and Scottish Enterprise, as a result of the work of a short-life working group established by Culture Minister Michael Russell to forge the partnerships that are essential to efficient and effective support for creative practitioners.

The agreement seeks to guarantee consistency and efficiency of support for Scottish-based creative practitioners no matter which body is their first point of contact. The agreement clearly sets out the roles and responsibilities of those agencies involved and the practicalities of how they will ensure that practitioners have clear routes to the types of support they require.

SGIOBA-G

Aig deireadh a' Chèitein chaidh an Sgioba-G a chèilidh air Fèis Mhoireibh a bha a' gabhail àite sa Cholaiste ann an Eilginn. B' e seo an treas bliadhna den Fhèis agus tha na h-àireamhan de chom-pàirtichean a' sìor dhol am meud gach bliadhna le 90 an làthair am-bliadhna.

Chuir an Sgioba-G ùine seachad le na com-pàirtichean le measgachadh de chur-seachadan agus abair thusa gun robh spòrs aig a h-uile duine. Fhuair an Sgioba-G cothrom beagan iomain a chluich cuideachd agus chòrd sin riutha miorbhaileach math, ged a bha an t-side uabhasach fhèin teth!

Bidh Sgioba-G trang a-rithist fad an t-samhraidh a' tadhal air Fèisean ann an diofar sgìrean, a' tòiseachadh le Fèis Chataibh san Iuchar.

The G-team were in attendance at Fèis Mhoireibh at the end of May. This was the third year of the Fèis with numbers reaching 90 for the two day event. The weather was fantastic and great fun was had by all, with the G-team even managing to get a game of Shinty in the wonderful warm weather. Next stop for the G-team is Fèis Chataibh in early July.

LUCHD-OBRAICH FNG A' SREAP BEINN NIBHEIS

Tha luchd-obrach Fèisean nan Gàidheal gu bhith a' sreap Beinn Nibheis 29 Lùnastal 2009 – agus chan e fealla-dhà a tha seo! Tha an luchd-obrach airson airgead a thogail do Thaic Aillse Mhìc a' Mhaoilein a tha a' dèanamh fìor dheagh obair air feadh Alba a' cumail taic ri daoine a tha a' fulang le aillse agus ri an teaghlachan. Chan eil seo gu bhith idir furasta agus ma tha sibh airson taic a thoirt dhan luchd-obrach ann a bhith a' togail airgid, nach tadhal sibh air <http://www.justgiving.com/fng> no cuiribh fios gu Emily ann an oifis Inbhir Nis air 01463 225559. Bhitheamaid sinn fada nur comain airson taic sam bith.

FÈIS TRÈANAIDH 2009

Bha cothrom aig na fèisean coinneachadh agus ionnsachadh sa Mhàrt am-bliadhna, nuair a chruinnich iad aig Taigh-òsta Beinn Uabhais ann an Strath Pheofharain.

Am measg cofhurtachd agus greadhachais, chosg iad dà latha air cuspairean cho eadar-dhealaichte ri sàbhailteachd aig fèisean, a' cleachdadh ùine gu h-èifeachdach, òrain chloinne sa Ghàidhlig agus Ciad Chobhair. Bha tè de na bùithtean-obrach a b' fheumaile a-mach air a bhith a' dèiligeadh ri clann mhì-mhodhail, no clann nach eil gan giùlan fhèin ann an dòigh fhreagarrach. B' e "Bruidhinn gu poblach" cuspair eile a fhuair moladh àraid, far an do dh'ionnsaich buidheann (boireannaich gu lèir!) dòighean feumail airson an guth a dhion, agus a chur gu feum.

Bha 60 neach ann, a bharrachd air luchd-obrach Fèisean nan Gàidheal agus chòrd an dà latha riutha gu mòr, a rèir fuirmean-measaidh a chaidh a thilleadh.

Thathar an dùil Fèis Trèanaidh eile a ruith san aon àite air 13 agus 14 Màrt 2010.

Fèis Trèanaidh 2009 ran successfully in March of this year when Fèisean nan Gàidheal committees gathered in the Ben Wyvis Hotel, Strathpeffer. Among the comfort and grandeur of this lovely old hotel they spent two days learning about such varied topics as Health & Safety and Gaelic Songs; Time Management and Dealing with Behavioural Difficulties. Sixty people took part as well as Fèisean nan Gàidheal staff.

The next Fèis Trèanaidh will take place on 13 & 14 March 2010.

**WE ARE
MACMILLAN.
CANCER SUPPORT**

Fèisean nan Gàidheal staff will be climbing Ben Nevis on 29 August 2009 – no, it's not a joke! The staff will be raising money for Macmillan Cancer Support who do great work in supporting cancer sufferers and their families. It's going to be no easy task and if you would like to support the staff in their fundraising attempt please visit <http://www.justgiving.com/fng> or contact Emily in the Inverness office on 01463 225559. Many thanks for any donations.

SGEAMA GREIS GNÌOMHACHAIS NAN OILEANACH 2009



Tha sinn uabhasach toilichte gum bi Lisa Moyes a' tighinn gu Fèisean nan Gàidheal son obair-samhraidh a dhèanamh còmhla rinn mar phàirt den Sgeama Greis Gnìomhachais a tha air a ruith le Comunn na Gàidhlig.

Sann à Baile Màiri a tha Lisa agus tha i na h-oileanach aig Sabhal Mòr Ostaig. Às dèidh na làithean-saora bidh i a' dol dhan treas bliadhna den chùrsa Gàidhlig agus Ceòl Traidiseanta.

Thairis air na deich seachdainean bidh Lisa ag obair air na sgilean cànan aice neartachadh agus bidh i a' gabhail pàirt ann an iomadach pròiseact as a bheil sinn an-sàs thairis air mìosan trang an t-samhraidh.

We are delighted that Lisa Moyes will be joining us for a ten week placement through the Comunn na Gàidhlig student placement scheme. Lisa is currently undertaking a degree in Gaelic and Traditional Music at Sabhal Mòr Ostaig. During the placement Lisa will be working on a variety of projects which will give her opportunities to enhance her language skills.

Fèisean nan Gàidheal
Taigh a' Mhill
Port-Rìgh
An t-Eilean Sgitheanach
IV51 9BZ
Fòn 01478 613355
Facs 01478 613399
Post-d brath@feisean.org
www.feisean.org